



# CRIOMAGAN LITREACHAIS

*Pasgan-obrach do dh'fhileantaich AS 1-3*  
le Dòmhnall Iain MacÌomhatir  
Dealbhan le Vicki Gausden



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

# CRIOMAGAN LITREACHAIS

## Clàr-innse

	Duilleag
Ro-ràdh	1
Aonad 1 Fàinne	2
Aonad 2 Sgoil gu Sgoil	7
Aonad 3 Bliadhna na h-Òigridh	10
Aonad 4 An Cluaran – Suaicheantas Nàiseanta na h-Alba	18
Aonad 5 Snucair	21
Aonad 6 Tiodhlac Beatha Teaghlaich	25
Aonad 7 Seann sgoil	29
Aonad 8 Mo chuilean beag	32
Aonad 9 Asail Shantorini	35
Aonad 10 Cùm ur n-aire	40

## Ro-ràdh

Tha sinn eòlach san fharsaingeachd air caochladh sheòrsachan sgrìobhaidh ann an Gàidhlig, gu sònraichte air sgeulachdan goirid agus bàrdachd, ged a tha seòrsachan eile ann cuideachd, mar dràma, aistean agus cunntasan. Thòisich sgeulachdan goirid a' nochdadh ann an irisean anmoch san naoidheamh linn deug. Ach is dòcha gur ann san fhicheadamh linn as sònraichte a tha an sgeulachd ghoirid, gu h-àraidh an obair aig Iain Crichton Mac a' Ghobhainn a' tighinn gu aire a' mhòr-shluaigh. Cuideachd, san fhicheadamh linn chaidh mòran de bhàrdachd ùr a sgrìobhadh, a-rithist le Mac a' Ghobhainn ach cuideachd le bàird chudromach eile – Somhairle MacGillEain, Ruairidh MacThòmais agus Dòmhnall MacAmhlaigh nam measg. Às an dèidh, thàinig feadhainn eile, mar Aonghas MacNeacail, Anna Frater agus Aonghas Pàdraig Caimbeul.

A-nise tha barrachd de nobhailean a' nochdadh ann an Gàidhlig. Bho chionn fhada bha litreachas Gàidhlig a' tighinn beò tro bheul-aithris, ach an-diugh tha ar litreachas sgrìobhte ri fhaighinn sgapte ann an iomadh àite. Anns a' phasgan seo gheibhear criomagan beaga de litreachas de gach seòrsa. Thathar an dùil gum brosnach cuid de na pìosan litreachais na sgoilearan ann an sgrìobhadh de gach seòrsa.

Bhiodh e iomchaidh do thidsearan eisimpleirean de litreachas Gàidhlig a shealltainn don chlas mus tòisichear air obair an aonaid, mar eisimpleir, nobhail no dhà, leabhraichean de bhàrdachd, eachdraidhean-beatha mar Beatha le Buaidh (Stòrlann) gus an tuig sgoilearan dè dìreach a th' ann an litreachas agus cho farsaing 's a tha e. Chan fheum na sgoilearan gach pìos obrach a dhèanamh. Faodaidh iad fhèin taghadh a dhèanamh agus faodaidh an tidsear stiùireadh a thoirt dhaibh mu dè na pìosan as freagarraiche orra.

- Chaidh am pasgan seo a dheasachadh le obair fhreagarrach do gach ìre AS 1–3 - Ìre 3 sa Churraicealam airson Sàr-mhathais.
- Chaidh an obair a dheilbh airson cothrom a thoirt do thidsearan obair leudachaidh a thoirt do sgoilearan a rèir am feumalachadan air leth.
- Tha cothroman ann airson obair aon-neach, obair chàraid agus obair bhuidhnean.
- Tha na ceithir sgilean cànan air an còmhach.
- Bu chòir do phuingeann gràmair a tha a' togail ceann a bhith air am mìneachadh leis an tidsear.
- Tha caochladh eacarsaichean ann far am biodh e iomchaidh co-obrachadh a dhèanamh eadar roinnean – Beurla, Ealain agus mar sin air adhart.
- Chaidh am pasgan a stèidheachadh air builean Curraicealam airson Sàr-mhathais.
- Gheibhear na h-earrannan èisteachd air-loidhne aig [www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk).



## Aonad 1

Leugh an sgeulachd seo agus freagair na ceistean. Faodaidh tu faclair a chleachdadh. Faodaidh tu èisteachd ris an sgeulachd. (Earrann 1)

### Fàinne

Bu toigh le Màiri Anna seudan agus rudan brèagha. Nuair nach robh i san sgoil, bhiodh i a' cur aodach le dathan soilleir oirre, agus bu toigh leatha grìogagan agus fàinneachan cuideachd. Bhiodh i a' sàbhaladh a h-airgead-pòcaid gus am biodh gu leòr aice airson bann-làimhe ùr no airson sreath ghrìogagan no airson fàinne. Agus thigeadh i a-nuas an staidhre, leis an aodach shoilleir 's le na seudan, gus am faiceadh a màthair i, ged a bha fios aice gum biodh Dòmhnall, a bràthair, a' fanaid oirre. Bhiodh e an-còmhnaidh ag ràdh gun robh Màiri ro mheasail air a' bhling. Ach cha robh dragh aig Màiri Anna.

Aon Nollaig, fhuair Màiri Anna airgead bho a càirdean. Chaidh i a-steach do bhùth sheudan agus thuir i gun robh i ag iarraidh fàinne a cheannach. Thagh i fàinne òir le clach dhubh agus srianagan geala sa chloich.

“A bheil ainm air a' chloich a tha san fhàinne?” dh'fhaighnich i don boireannach a bha a' reic sa bhùth.

“Tha,” fhreagair am boireannach. “S ann à eilean beag faisg air Afraga a thàinig

a' chlach sin. Chan eil a' chlach sin ri faighinn an àite sam bith eile san t-saoghal. 'S e Clach Dhubh an Toileachais a tha aca air a' chloich sin ann an Afraga. Bidh tu daonnan toilichte nuair a bhios an fhàinne seo ort.”

Chuir am boireannach an fhàinne ann am bogsa beag, agus thug Màiri Anna an fhàinne dhachaigh. Chuir i an fhàinne air a meur, agus sheall i an fhàinne do a màthair. Ach bha gàire air aodann Dhòmhnail mar a b' àbhaist.

Thuir màthair Màiri Anna gun robh an fhàinne glè bhrèagha. Agus dh'inns Màiri Anna do a màthair mun rud a thuir am boireannach anns a' bhùth rithe. Ach cha robh Màiri Anna cinnteach gun robh a màthair ga creidsinn.

Co-dhiù, an ceann seachdain, thuir a màthair rithe gun robh i a' faicinn cho toilichte 's a bha Màiri Anna nuair a bhiodh an fhàinne oirre. Agus bha an fhàinne a' coimhead cho brèagha, le dubh is geal is òr còmhla ri chèile.

Ach aon latha, thàinig Màiri Anna dhachaigh às an sgoil agus i a' coimhead glè bhrònach. “Chaill mi an fhàinne,” thuir i ri a màthair.

Bha i fhèin agus a caraidean a' lorg na fàinne air feadh na sgoile, oir bha Màiri Anna ag innse dhaibh mun fhàinne. Chaidh na seachdainean seachad. Agus air aon fheasgar Disathairne, chuala màthair Màiri Anna gnogadh aig doras an taighe. Cò bha sin ach tidsear Màiri Anna. Bha cèis bheag dhonn aice na làimh.

“Lorg mi an fhàinne,” thuir an tidsear. “Bha an fhàinne air tuiteam eadar dà dheasg san sgoil. Chunnaic mi rudeigin deàlrach. An fhàinne. Agus chuimhnich mi air Màiri Anna. Seo ma-thà. Tha an fhàinne sa chèis seo.”

Thug Màiri Anna agus a màthair taing don tidsear. Agus a-riamh bhon uair sin, creid gus nach creid, gach uair a bhiodh an fhàinne air a meur, bhiodh Màiri Anna cho toilichte ri rìgh, no banrigh mar a chanadh a bràthair!

## Eacarsaich A

Obraich còmhla ri caraid. Leugh na seantansan gu h-ìseal. A bheil iad ceart no ceàrr? Sgrìobh an fheadhainn cheart.

- Bu toigh le Màiri Anna seudraidh.  
CEART/CEÀRR**
- Bha cothrom aice airgead a shàbhaladh bhon a bha i ag obair ann am bùth.  
CEART/CEÀRR**
- Bha ùidh aig Dòmhnall, bràthair Màiri Anna, ann an aodach agus seudraidh cuideachd.  
CEART/CEÀRR**
- Fhuair Màiri Anna an fhàinne ùr aig an Nollaig.  
CEART/CEÀRR**

5. **Bha clach dhubh le srianagan geala san fhàinne.  
CEART/CEÀRR**
6. **'S e Clach Dhubh an Uamhais a bh' aca air a' chloich a bha san fhàinne an Afraga.  
CEART/CEÀRR**
7. **Thug màthair Màiri Anna an aire gum biodh a nighean an-còmhnaidh toilichte nuair a bhiodh an fhàinne oirre.  
CEART/CEÀRR**
8. **Chaill Màiri Anna an fhàinne aon fheasgar Disathairne.  
CEART/CEÀRR**
9. **Lorg an tidsear an fhàinne eadar dà dheasg san sgoil.  
CEART/CEÀRR**
10. **Bho sin a-mach, chùm Màiri Anna an fhàinne sa bhogsa.  
CEART/CEÀRR**

## **Eacarsaich B**

Freagair na ceistean ann an seantansan.

1. **Dè bha Màiri Anna a' dèanamh nuair nach robh i san sgoil?**
2. **Ciamar a bha airgead aice airson rudan a cheannach?**
3. **Dè am beachd a bha aig Dòmhnall air a phiuthar?**
4. **Dè an seòrsa fàinne a thagh Mairi Anna sa bhùth an dèidh na Nollaig?**
5. **Inns mun fhiosrachadh a thug am boireannach sa bhùth do Mhàiri Anna.**
6. **Dè rinn Dòmhnall nuair a chunnaic e an fhàinne?**
7. **Dè beachd a màthar air an fhàinne?**
8. **Carson a bha Màiri Anna brònach aon latha nuair a thill i dhachaigh às an sgoil?**
9. **Cò thàinig gu doras an taighe aon fheasgar Disathairne?**
10. **Dè bha aig a' boireannach seo na làimh?**
11. **Inns, nad fhaclan fhèin, dè thuirt am boireannach.**
12. **Ciamar a bha Màiri Anna a' faireachdainn nuair a fhuair i an fhàinne air ais?**

## Eacarsaich C

Deasaich òraid don chlas far a bheil thu ag innse mun rud as prìseile agad fhèin. Feuch gun ainmich thu na leanas:

1. Dè an rud a th' ann?
2. Càit an d' fhuair thu e?
3. Cuin a fhuair thu e?
4. Carson a tha e cho prìseil dhut?
5. Dè dhèanadh tu nan cailleadh tu an rud seo?

Feuch gum bi thu deiseil airson ceistean a fhreagairt mun rud. Bhiodh e math nam b' urrainn dhut an rud a thoirt a-steach don sgoil agus nam b' urrainn don tidsear na h-òraidean fhilmeadh gus am faic sibh a-rithist iad.

### Cànan

#### Bhiodh agus Bhitheadh

A bheil fhios agad dè tha na faclan gu h-àrd a' ciallachadh? A bheil thu cinnteach càit am biodh tu gan cleachdadh?

*Cleachd **bhiodh** nuair a tha thu a' bruidhinn air rudeigin a dh'fhaodadh tachairt.  
Cleachd **bhitheadh** nuair a tha thu airson barrachd cuideam a chur air an rud.*

Leugh na h-eisimpleirean gu h-ìseal:

**Bhiodh** i a' cur aodach le dathan soilleir oirre.

**Bhiodh** e a' tighinn don sgoil ann an tagsaidh a h-uile latha.

**Bhitheadh** e a' tighinn don sgoil ann an tagsaidh a h-uile latha nam biodh airgead gu leòr aige.

Thuirt mo bhràthair gum **biodh** an còmhlán a' cluich aig an SECC.

Thuirt mo bhràthair gum **bhitheadh** an còmhlán a' cluich aig an SECC ach nach robh fhios aige cuin.

Nuair a bha e beag, cha **bhiodh** lain idir a' cluich còmhla ri clann eile.

Nuair a bha e beag, cha **bhitheadh** lain a' cluich ball-coise ach bha iomain a' còrdadh ris.

Seallaidh an tidsear eisimpleirean eile dhut.

## Eacarsaich D

Atharraich na seantansan gu h-ìseal a' cleachdadh *bhiodh/cha bhiodh* no *bitheadh/cha bhitheadh* far a bheil facal air a chomharrachadh. Sgrìobh na seantansan ùra.

1. ***Bha* Calum a' tadhal air a sheanmhair an dèidh na sgoile a h-uile feasgar Dihaoine.**
2. **Ged nach d' fhuair Màiri obair sna saor-làithean an-uiridh, thuirt i gum *bi* obair aice am-bliadhna.**
3. ***Bidh* Sìne tric a' dol a Steòrnabhagh.**
4. ***Bha* Iain air turas-sgoile dhan Fhraing air an t-seachdain seo, ach dh'fhàs e tinn oidhche na Sàbaid agus cha b' urrainn dha a dhol ann.**
5. **Thuirt an tidsear gum *bi* deuchainn ann a-màireach ged a bhios tòrr den chlas air falbh air turas-sgoile.**
6. **Chan eil mi den bheachd gum *bi* mo mhàthair airson a dhol gu gèam ball-coise còmhla rium. *Bidh* m' athair, ach *cha bhi* mo mhàthair.**

## Eacarsaich E

### Sgrìobhadh

Sgrìobh mun t-seòrsa aodach as toigh leat fhèin. Lean na puingeann gu h-ìseal:

- Dè do bheachd air aodach-sgoile?
- A bheil feum air a leithid san latha an-diugh?
- Am biodh tu na bu chofhurtaile a' tighinn don sgoil ann an aodach spòrs?
- An toigh leat a bhith a' leantainn fasan?
- Dè na fasanan as toigh leat/nach toigh leat?
- Dèan dealbh den aodach a tha a' còrdadh riut fhèin.
- Sgrìobh an t-ainm Gàidhlig ri taobh gach pìos aodaich.
- Nuair a tha thu toilichte leis a' phìos sgrìobhaidh, faodaidh tu an dealbh agus an sgrìobhadh a chur còmhla.



## Aonad 2

Leugh a' bhàrdachd seo agus dèan an obair a tha ga leantainn.

### Sgoil gu Sgoil

Bho bhaile beag gu baile mòr –  
 bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil –  
 bho dhachaigh gu ostail –  
 bho theaghlach gu coigrich –  
 bho thèarainteachd gu beagan cianalais –  
 dh'fhàg mi deichnear chàirdean air mo chùl  
 is choinnich mi ri ceudan nach robh nan càirdean idir;  
 na bha an dàn do bhalach òg  
 a' sreap ri deugaireachd  
 gun fhios aige dè bh' ann an deugaireachd.

Bha an t-seachdain fada  
 gun bhus a bheireadh dhachaigh mi aig crìoch an latha  
 's gum faighinn staoigean no iasg saille –  
 cha robh fa-near dhomh ach feòil fhuar,  
 's an uair sin bleideagan-coirce is ùbhlán geur  
 le ughagan tana gun bhlas.  
 Uair gu leth de dh'ionnsachadh is obair-dachaigh  
 ann an talla mhòr neo-thlachdmhor,  
 is ficheadan eile mun cuairt orm –  
 Ò, càit an robh an t-seann sgoil  
 a bha cho coibhneil, truasail,  
 's a bha na pàirt de bheatha gun chianalas?  
 Bha i cho fada bhuam  
 ri bhith a' suidhe nan Highers –  
 ach fhuair mi tro na Highers  
 nuair thàinig còig bliadhna fada gu ceann,  
 's a thog mi orm gu tuilleadh ionnsachaidh  
 gu dreuchd mo bheath' a choileanadh –  
 's an-diugh tha mi a' sgrìobhadh,  
 seach nach robh bliadhnaichean na sgoile  
 cho dòrainneach 's a bha an inntinn òg  
 bho chionn bhliadhnaichean is còrr  
 a bha nan dòrainn  
 ann an dorchadas m' aineolais.

## Eacarsaich A

### Leughadh/Sgrìobhadh/Labhairt

Dèan an eacarsaich seo leat fhèin, ann an càraid no ann am buidheann. Faodaidh thu taghadh a dhèanamh a bheil thu airson na freagairtean a sgrìobhadh no na puingeann a tha ag èirigh anns gach ceist a dheasbad còmhla.

1. **Leugh a' bhàrdachd còmhla sa chlas.**
2. **a. Bruidhinn mu na faireachdainnean a bh' aig an sgrìobhadair nuair a chaidh e don àrd-sgoil.**  
**b. An robh na h-aon faireachdainnean agad fhèin?**
3. **Seall air mar a tha a' bhàrdachd a' tòiseachadh. Saoil carson a chleachd am bàrd am facal "bho" cho tric?**
4. **Ciamar a tha fios againn gur ann à bun-sgoil bheag a thàinig am bàrd?**
5. **Cia mheud sgoilear a bha sa bhun-sgoil agad fhèin? An robh i gu tur eadar-dhealaichte bhon àrd-sgoil?**
6. **Sa bhàrdachd, ciamar a bha biadh san ostail eadar-dhealaichte bhon bhiadh aig an taigh?**
7. **'S e uaim am facal a chleachdas sinn airson sreath de dh'fhaclan a tha a' tòiseachadh leis an aon litir no an aon fhuaim. Sgrìobh eisimpleir de dh'uaim às a' bhàrdachd seo. Dè feum a tha seo a' dèanamh don bhàrdachd?**
8. **Dè an seòrsa cuimhne a bh' aig a' bhàrd air a' bhun-sgoil?**
9. **Bhon a tha e air fàs suas, ciamar a tha e air inntinn atharrachadh mu làithean sgòile?**
10. **Smaoinich air bun-sgoil agus àrd-sgoil. Ciamar a tha iad cho eadar-dhealaichte bho chèile? Dè 's fheàrr leat mun àrd-sgoil? Dè chòrd riut gu h-àraid mun bhun-sgoil? Saoil dè bhios tu a' smaoinichadh an ceann fichead bliadhna?**

## Eacarsaich B

- Feuch ri pìos bàrdachd a sgrìobhadh mun sgoil.
- Dè na faireachdainnean a th' agad fhèin mun sgoil?
- Smaoinich air na rudan a dh'fhaodadh a bhith a' cur dragh air duine: tidsearan, obair dhoirbh, fuaimean, burraidhean, aodach-sgoile, am bus, biadh-sgoile, sluagh mòr, coigrich...
- Faodaidh tu cruth òrain a chur air a' bhàrdachd no faodaidh tu a bhith a' sgrìobhadh san nòs ùr.
- Feuch gum bi thu mothachail air a' chànan a tha thu a' cleachdadh agus air an stoidhle sgrìobhaidh a th' agad: loidhnichean goirid, loidhnichean fada, cuid de dh'fhaclan a' nochdadh leotha fhèin airson sealltainn cho cudromach 's a tha iad, uaim, comhardadh: duine/fuine, doirbh/soirbh, daor/saor. Ma tha thu mothachail air an dòigh anns am bi thu a' sgrìobhadh, thig am pìos ri chèile nas fhasa dhut.



## Aonad 3

### Dealbh-chluich

Leugh an dealbh-chluich còmhla no èist ris na guthan. (Earrann 2)

### Caractaran

Sine, mu chòig bliadhna deug a dh'aois

Murdag, màthair Sine

Uilleam, athair Sine

Seonaidh, bràthair Sine

A' Bhanrigh

Lady Crozier

Buidealair

# Bliadhna na h-Òigridh

## SEALLADH 1: Seòmar-suidhe ann an taigh teaghlaich

*Tha an teaghlach uile nan suidhe ag ithe bracaist. Tha Uilleam a' leughadh pàipear-naidheachd, agus tha Sìne a' fosgladh cèis a thàinig tron phost.*

*Sìne:* (ag èigheach) Bhuannaich mi! Bhuannaich mi a' cho-fharpais!

*Seonaidh:* Dè a' cho-fharpais a tha sin? Co-fharpais nan *corn-flakes*, an e?

*Sìne:* Dùin do bheul, thusa! Co-fharpais a rinn sinn san sgoil. Co-fharpais airson agallamh a dhèanamh leis a' Bhanrigh. Nach eil cuimhne agaibh gun do dh'inns mi dhuibh? Bha a' Bhanrigh air aontachadh ri agallamh le deugaire airson Bliadhna na h-Òigridh. Agus bhuannaich mise a' cho-fharpais. (*ann an guth na Banrigh*) Thig a-staigh, a Shìne! Dè do chor? Ciamar a tha a h-uile duine aig an taigh?

(a' gàireachdainn)

*Murdag:* Smaoinich. Sìne againne a' coinneachadh ris a' Bhanrigh. Feumaidh mi innse do Ghranaidh – nach i a bhios moiteil? Agus càit am bi an t-agallamh? Mo chreach mhòr, ma thig a' Bhanrigh an seo, feumaidh sinn pàipear ùr a chur air na ballachan agus *suite* fhaighinn. Seall an coltas a th' air an rud seo.

*Uilleam:* (a' riasladh a' phàipeir-naidheachd) Uh?

*Sìne:* Air ur socair! Ann an Lunnainn a bhios an t-agallamh. Bidh mise a' bruidhinn ris a' Bhanrigh san Lùchairt ann an Lunnainn. Turas an-asgaidh. Na cosgaisean uile air am pàigheadh. Nach ann aca a bhios am farmad rium!

*Seonaidh:* Cò aig a bhios farmad riut? An Teaghlach Rìoghail? Cha chreid mi gum...

*Sìne:* Na caileagan eile san sgoil, amadain! Smaoinichibh! Sìos a Lunnainn. A-steach air na geatachan mòra. An dùil am bu chòir dhomh rudeigin a thoirt thuice, chun na Banrigh?

*Murdag:* Agus dè bheireadh tusa thuice? Maragan, 's dòcha? No pìos guga? Dh'fhaodadh tu sgiorta thartain fhaighinn dhi.

*Seonaidh:* Biadh coin!

*Uilleam:* Cha chuala mi càil cho gòrach a-riamh. An truaghag, chan e nach eil gu leòr aice.

*Sìne:* Is dòcha gum faic mi Teàrlach... agus Camilla. No Uilleam is Haraidh. Cò aig a tha fios nach fhaigh mi fhìn grèim air prionnsa fhathast?

*Seonaidh:* Ò, gu sealladh orm! Cò choimheadadh ortsa?

*Sìne:* Chuireadh e iongnadh ort cò tha measail ormsa san sgoil, a Sheonaidh.

*Seonaidh:* Aidh, chuireadh gu dearbh. Agus na còrgaidhean! Dè mu dheidhinn nan còrgaidhean? Bi faiceallach mus bìd iad thu! Ruf! Ruf!

*Tha Seonaidh a' dol a-mach an doras a' leigeil air gur e cù a th' ann.*

*Murdag:* Agus cuin a bhios tu a' falbh sìos don bhaile mhòr?

*Sìne:* Seachdain Diluain. Tha an tiogaid an seo. Flybe gu Glaschu agus an uair sin Easyjet gu Port-adhair Luton.

*Uilleam:* Nach neònach nach d' fhuair thu pleàna phrìobhaideach? Am bi duine a' falbh còmhla riut? Tha thu glè òg airson siubhal nad aonar.

*Sìne:* Ò, bithidh. Bidh Miss Thomson a' falbh còmhla rium. 'S e Miss Thomson a fhuair a-mach mun cho-fharpais an toiseach. Chan eil fios nach fhaic sibh mi air an telebhisean. Feuch gum bi sibh a' coimhead nan naidheachdan. Feumaidh mi aodach ùr fhaighinn, tha eagal orm. (*guth na Banrigh a-rithist*) Feumaidh mi a bhith spaideil!

*Uilleam:* Tha mi a' faicinn dealbh den Bhanrigh sa phàipear-naidheachd an-diugh. Rudeigin co-cheangailte ri eich. Còta mòr orains oirre agus ad dhonn. Ciamar a chòrdadh sin riut?

*Sìne:* Chan eil mi fiù 's ag èisteachd ribh. Tha mi cho toilichte. Feumaidh mi a-nise falbh agus fònadh thuca air a' mhobile.

*Seonaidh:* Chun na Banrigh?

*Sìne:* Chan ann, chan ann. Gu mo charaidean – Màiri, Iseabail, Seònaid agus Melissa.

*Èiridh Sìne, bheir i leatha an litir 's a' chèis agus fàgaidh i an seòmar mar gur i banrigh a' coiseachd le crùn air a ceann.*

*Murdag:* Uill, uill. Cò chreideadh e? Sìne againne a' coinneachadh ris a' Bhanrigh.

*Uilleam:* Tha mi fhathast a' feuchainn ri greimeachadh air. Cuir air an TBh, a Mhurdag, gus am faic mi cò bhuannaich am ball-coise a-raoir!

## Sealladh 2 : Seòmar ann an Lùchairt Bhuckingham

*Tha Sìne agus a' Bhanrigh nan suidhe mu choinneamb a chèile.*

*Sìne:* Ur Mòrachd, tapadh leibh gu dearbha airson an cothrom seo a thoirt dhomh.

*A' Bhanrigh:* Tha sin ceart gu leòr. Chan eil mòran eile a' dol an-diugh co-dhiù agus tha cnatan air Prince Philip. Chan eil e ann an sunnd.

*Sìne:* Obh, obh. Nise, dè ur beachd air òigridh an latha an-diugh? A bheil sibh an dùil gu bheil daoine math gu leòr dhaibh – gan cuideachadh agus gan deasachadh airson an t-saoghail mhòir 's mar sin?

*A' Bhanrigh:* Hmm. Tha e doirbh gun a bhith gam milleadh. Tha cus aig Uilleam agus aig Haraidh, sin aon rud cinnteach. Bhiodh e doirbh dhaibh seasamh air an casan fhèin. Nam faiceadh tu na th' aca de chàraichean, flataichean, uaireadairean spaideil, dè nach eil aca? Ach ann an dòigh chan eil iad cho eadar-dhealaichte bho fhireannaich òga eile.

*Sìne:* Uill, tha airgead aca.

*A' Bhanrigh:* Uill, tha. Ach chan eil daoine òga san fharsaingeachd cho eòlach air obair chruaidh agus air luach an airgid 's a bha daoine aig àm a' Chogaidh. Ach tha barrachd cuideam air daoine a bhith soirbheachail agus chan eil sin an-còmhnaidh cho furasta. Tha na h-aon trioblaidean aig an teaghlach agam fhìn.

*Sìne:* Tapadh leibh. Nise, tha sibh gu math dèidheil air beathaichean, nach eil?

*A' Bhanrigh:* Tha gu dearbha. Is toigh leam eich. Agus is fìor thoigh leam coin cuideachd. Seall na tha seo de chòrgaidhean. Tha mi a' feuchainn ri ainmean a thoirt orra ann an cànanan eadar-dhealaichte. Tha dùil aig Bronwen ri cuileanan a dh'aithghearr, 's tha mi ag iarraidh ainm Gàidhlig a thoirt air fear dhiubh. Dh'fhòn mi gu Bòrd na Gàidhlig ach an tugadh iad beachd dhomh air ainm freagarrach, ach thuir iad rium nach robh liosta aca de dh'ainmean chon fhathast. Saoil dè tha gan cumail air ais?

*Sìne:* Cò aig a tha fios? An do bhìd iad duine sam bith a-riamh?

*A' Bhanrigh:* Cò? Bòrd na Gàidhlig? Ò, tha mi a' tuigsinn, na coin. Uill, nuair bha Seòras Bush an seo, theab fear de na còrgaidhean a bhìtheadh. Cha mhòr nach do thuit mi bhon chathair a' gàireachdainn. Bha mi fhìn den bheachd an aon rud a dhèanamh!

*Thig gnogadh chun an dorais. Fosglaidh an doras. Thig Lady Crozier a-steach.*

*Lady Crozier:* (ri Sìne) A bheil thu ag iarraidh glainne còc? No cupa tè Earl Grey?

*Sìne:* Bhiodh còc glè mhath.

*Falbhaidh Lady Crozier.*

*Sìne :* Dè am biadh as fheàrr leibh?

*A' Bhanrigh:* Chan eil càil air thalamh cho math ri maragan agus buntàt' ùr. Chan eil mòran tìde agamsa airson maragan a dhèanamh. Tha marag agam gach madainn aig Balmoral. Marag mhath Steòrnabhaigh.

*Thig gnogadh chun an dorais. Fosglaidh an doras. Thig am Buidealair a-steach agus botal còc agus glainne criostail aige air treidhe airgid.*

*Buidealair:* Còc a bha sibh ag iarraidh.

*Sìne:* Ò, mòran taing!

*Falbhaidh am Buidealair.*

*Sìne* Nise, air ais gu na ceistean. Dè bhios sibh a' coimhead air an telebhisean?

*A' Bhanrigh:* Bidh mi a' coimhead mòran air an telebhisean. Ach tha mi a' smaoinichadh gur e *Neighbours* as fheàrr leam. Tha na sgeulachdan aca uabhasach math. 'S toigh leam sùil a chumail air dè tha dol ann an Astràilia. Agus na naidheachdan. Bidh mi fhìn uaireannan anns na naidheachdan. Mi fhìn agus Daibhidh Beckham agus Barack Obama.

*Sìne:* Agus leughadh? Dè mu leughadh?

*A' Bhanrigh:* Tha fhios agam gu bheil an òigridh measail air Harry Potter. Tha gu leòr againne ri dhèanamh le Harry Windsor! Bidh mi tric a' leughadh eachdraidhean-beatha mum dheidhinn fhìn. Tha e annasach dè na tha mi air ionnsachadh bho na leabhraichean ud. Agus chì thu rudan math anns na pàipearan-naidheachd cuideachd. Uaireannan, tha agam ri pàipearan a leughadh gus am faigh mi a-mach dè tha a' tachairt san teaghlach. Tha Tèarlach cho sàmhach – chan inns e dad dhomh.

*Sìne:* Bidh a' chòisir againne a' dol chun a' Mhòid a dh'aithghearr. An robh sibh fhèin aig Mòd a-riamh?

*A' Bhanrigh:* Mo chreach, cha mhòr nach eil thu cho math ri Daibhidh Dimpleby! 'S fhada bhon a bha mi aig Mòd. Chan eil mise ro mhath air seinn. Smaoinich mi air a bhith nam shopràno ann an Còisir Ghàidhlig Lunnain ach tha iad a' coinneachadh oidhche Mhàirt. Sin an oidhche

a bhios mi a' taghadh mo chuid aodaich airson gach rud a th' agam ri dhèanamh an ath sheachdain. Tha e doirbh ùine a bhith agam airson a h-uile càil. Chan eil e gu diofar cia mheud searbhant a th' agad.

*Sìne:* Agus a bheil rud sam bith eile ann a tha sibh ag iarraidh a ràdh ri na daoine a tha gar n-èisteachd 's gar coimhead?

*A' Bhanrigh:* Bithibh glic! Ithibh ur biadh agus na òlaibh cus! Feuch gum bi sibh a' dol don eaglais. Agus ma tha duine sam bith a-muigh an sin a tha fhathast a' dèanamh mharagan ... tha fhios agaibh cà' bheil mi a' fuireach! Chuireadh sin gàire air aodann Philip cuideachd, agus rud sam bith a dhèanadh sin..!

*Sìne:* Ur Mòrachd, ceud taing airson bruidhinn rium an-diugh. Am faod mi smèideadh ri na daoine a tha aig an taigh?

*A' Bhanrigh:* Faodaidh, faodaidh. Bidh mi fhìn a' smèideadh gu math tric.

*Smèididh Sìne agus a' Bhanrigh.*

*Sìne:* Mòran taing. Feumaidh sinn sgur, oir chan eil an còrr de thìde ann... Ò, mo chas! Mo chas! Bhìd an còrgaidh grod mi!

*A' Bhanrigh:* Grod an tuir thu? An cuilean beag agamsa. Mach à seo agus na till tuilleadh. Huh! Clann an latha an-diugh.

### Sealladh 3 Air a' fòn – Sìne ann an Lunnainn agus Murdag aig an taigh

*Tha a' fòn a' seirm. Tha Murdag ga togail.*

*Murdag:* Hallò.

*Sìne:* (*caran brònach*) Hai, a mhamaidh. Mise a th' ann.

*Murdag:* Hallò, a ghaoil. Ciamar a chaidh dhut? Ciamar a bha i fhèin?

*Sìne:* Uill a mhamaidh, nuair a smaoinicheas mi air, chan eil an teaghlach rìoghail cho eu-coltach ris an teaghlach againn fhìn. Chì mi thu a-màireach.

*Murdag:* (*A' cur sìos a' fòn.*) An nighean a tha sin. Tha mi an dòchas nach do leig i sìos sinn...

*Uilleam:* (*a' togail a chinn bhon phàipear airson dìog*) Cha chuireadh e iongnadh mòr sam bith orm! Tha fhios agad mar a tha clann an latha an-diugh!

## Eacarsaich A

Leugh an dealbh-chluich còmhla. Bhiodh e math nam b' urrainn beagan gluasaid a bhith ann agus nam biodh e an comas aodach agus rud no dhà a tha a' nochdadh anns an dealbh-chluich a thoirt a-steach, treidhe agus glainne, mar eisimpleir.

## Eacarsaich B

Nuair a tha gach buidheann deiseil den dealbh-chluich, beachdaich air mar a chaidh don a h-uile duine. Cò bha sònraichte math? Carson? Ciamar a b' urrainn do chuid a bhith a' dèanamh na b' fheàrr an ath thuras? Smaoinich air gluasad, guthan, aodach agus mar a dhèilig a h-uile duine ri caractaran eile.

## Eacarsaich C

Seo pàirt de sgeulachd, le cuid de na faclan air am fàgail às. Tagh am facal as freagarraiche gach turas airson am beàrn a lìonadh. Sgrìobh na h-earrannan. Chaidh a' chiad fhacal a thaghadh dhut:

Cha b' fhada gus an d' fhuair Anna (**eòlas/fios**) air na nàbaidhean nuair a ghluais i fhèin 's a ..... (**teaghlach/nàbaidh**) do thaigh ùr. Bha an taigh glè ..... (**fhada/fhaisg**) air a' chladach. Cha ..... (**bheag/mhòr**) nach robh a' ghainmheach gheal a' sìneadh ..... (**bho/bhon**) oir na mara gu bonn a' ghàrraidh aca. .... (**Bha/Bidh**) Anna eòlach air caileag air an robh Màiri. Bha Màiri a' ..... (**falbh/fuireach**) faisg air Anna 's cha robh ..... (**eadar/timcheall**) an dà thaigh ach ..... (**dhà/trì**) taighean eile. Cuideachd, bha Anna agus Màiri còmhla air an dàrna ..... (**bliadhna/bliadhnaichean**) san àrd-sgoil.

Bhiodh iad tric a-muigh air an tràigh nuair a bhiodh an t-..... (**uisge/sìde**) math, agus thàinig iad uaireannan ..... (**dhachaigh/thuige**) le sligean bòidheach. Agus uaireannan bha iad a' ..... (**a' cadal/a' sgreuchail**) a-muigh nam biodh ..... (**madainn/oidhche**) bhrèagha le gealach ann.

Aon oidhche sa Ghiblean, bha a' ghealach gu math soilleir, ged a bha dhà no thrì ..... (**sgothan/eòin**) san ..... (**adhar/t-adhar**). Chaidh Anna agus Màiri cuairt chun a' chladaich. Bha a' mhuir a' bualadh air a' ghainmhich gu socair, agus ged nach robh an ..... (**t-samhradh/samhradh**) ann fhathast cha robh an oidhche idir ..... (**fuar/fhuar**). Bha a' mhuir a' deàrsadh ann an solas na ..... (**gealach/gealaich**). Bha fois anns gach àite ..... (**timcheall/seachad**) air a' bhaile bheag.

Cha b' fhada gus an d' fhuair Anna **eòlas** air na nàbaidhean nuair a ghulais i fhèin...



## Eacarsaich D

Seo pàirt de sgeulachd ghoirid, le cuid de dh'fhaclan air am fàgail às. Cuir na faclan a tha sa bhogsa sna beàrnan ceart. Cleachd **a h-uile** faclan sa bhogsa, **ach aon turas a-mhàin**.

B' ann san àrd-sgoil a thàinig Murchadh agus Seumas tarsainn air a chèile an toiseach. A-riamh bho chuir Mgr Caimbeul iad nan suidhe còmhla aig an ..... bha iad gu math mòr aig a chèile, an dà chuid nuair a bhiodh iad ..... 's nuair a bhiodh iad a' ..... Bha iad faisg air an aon aois, agus bha ..... aca anns na h-aon rudan. Agus bhiodh iad daonnan còmhla. Bha iad math air obair na sgoile, 's cha robh iad nan ..... do neach a-riamh.

Ach mus robh a' chiad bhliadhna seachad, thòisich Murchadh ..... le sgìths. Bhiodh e uaireannan cho sgìth 's gun robh e ..... dha coiseachd don sgoil. Ach nuair a ..... an sgoil san ....., an dèidh ..... an t-samhraidh, thill Murchadh mar a thill càch, agus bha Seumas a' smaoinichadh gun robh Murchadh ..... na b' fheàrr. Bha ..... an t-samhraidh air feum a dhèanamh do Murchadh, mar a rinn iad dhaibh uile.

Ach cha do ..... sin fada. An ceann ..... no sia seachdainean, thòisich Murchadh a' fàs sgìth ..... Agus cuid de ..... cha b' urrainn dha a dhol don sgoil. Bha e ro sgìth airson ..... bhon taigh. Chuir a mhàthair ..... an dotair, agus thuirt esan gun robh ..... air Murchadh. Thuirt e ..... gun cuireadh fois agus tìm ceart na bha ceàrr air.

### NA FACLAN:

a dh'iarraidh	a-rithist	deasg	làithean	saorsa
a' coimhead	cluich	doirbh	Lùnastal	saor-làithean
ag obair	còig	dh'fhosgail	mhair	tinneas
a' gearain	cuideachd	glusad	ùidh	trioblaid





## Aonad 4

---

### **AN CLUARAN (AM FÒGHNAN) SUAICHEANTAS NÀISEANTA NA H-ALBA**

#### **Eìsteachd Eacarsaich A**

Èist ris an earrainn (Earrann 3), agus tagh an fhreagairt cheart do na ceistean gach turas.

1. Cuin a bha Alasdair III a' riaghladh?
  - (a) sa cheathramh linn deug
  - (b) san treas linn deug
  - (c) naoi ceud deug 's a trì-deug
  
2. Dè bha na fir a' dèanamh san achadh?
  - (a) Bha iad a' gabhail fois.

- (b) Bha iad ag ithe.
- (c) Bha iad a' dèanamh deiseil airson sabaid.

3. Dè tha 'Gun fhios dhaibh' a' ciallachadh?

- (a) Cha do thuig iad dè bha a' tachairt.
- (b) Bha iad deiseil air an son.
- (c) Goirid an dèidh sin.

4. Dè bha na Lochlannaich a' dèanamh san achadh?

- (a) Bha iad a' dol a chur seachad oidhche san aon achadh.
- (b) Bha iad a' dol a chur às do na h-Albannaich.
- (c) Bha iad air an slighe a chall san dorchadas.

5. Às an earrainn fhèin, dè tha ag innse dhuinn nach robh brògan air na Lochlannaich?

- (a) "choisich iad gun fhaireachadh"
- (b) "casan nan Lochlannach"
- (c) "na Lochlannaich chasruisgte"

6. Dè thachair do na Lochlannaich san achadh?

- (a) Sheas iad air cluarain agus thòisich iad a' sgreuchail.
- (b) Chunnaic iad na h-Albannaich agus thòisich iad a' sgreuchail.
- (c) Bha an t-eagal orra ron dorchadas agus thòisich iad a' sgreuchail.

7. Ciamar a bha na h-Albannaich a' faireachdainn?

- (a) Bha iad fhathast gu math cadalach.
- (b) Bha an cadal air ùrachadh a thoirt dhaibh.

(c) Bha an t-eagal orra nuair a chuala iad na Lochlannaich.

8. Dè an t-urram a chuir na h-Albannaich air a' chluaran?

(a) Bha dath purpaidh air aodach nan Albannach bho sin a-mach.

(b) Thug iad leotha cluarain ge b' e càit an deach iad.

(c) 'S e suaicheantas\* nàiseanta na h-Alba a bh' ann bho sin a-mach.

\*suaicheantas – ìomhaigh, bràiste

## Eacarsaich B

### Sgrìobhadh

- Tha thu ag obair do chompanaidh dealbhachaidh Gàidhlig.
- Dèan còmhdach bileag-fiosrachaidh airson luchd-turais a thàladh a dh'Alba. Faodaidh dealbh de chluaran a bhith air a' chòmhdach.
- Bu chòir measgachadh de dhealbhan agus de dh'fhaclan a bhith air a' chòmhdach.
- Inns carson a bhiodh Alba freagarrach airson luchd-turais.
- Ainmich na rudan a bu chòir do dhaoine fhaicinn/a dhèanamh.



## Aonad 5

Leugh an earrann agus dèan na h-eacarsaichean a leanas:

### Snucair

Bu toigh le Iain gu mòr a bhith a’ coimhead snucair air an telebhisean. Cha do chluich e fhèin an gèam a-riamh, oir bha na bàllaichean is eile uabhasach daor agus cha robh seòmar-snucair idir ann an Achadh an Rubha. Bha fios aig Iain air ainmean nan cluicheadairean mòra uile, ’s bha fios aige air riaghailtean a’ gheama gu lèir. Bhiodh e a’ cunntadh nam bàllaichean a’ tuiteam do na pòcaidean, fear an dèidh fir, dearg is buidhe is dubh is eile, gach fear gu math cudromach na dhòigh fhèin. Nuair a bhiodh an snucair air an telebhisean, cha robh e a’ cuimhneachadh air rud sam bith eile, ’s ge air bith dè cho anmoch ’s a bhiodh e, dh’fhuiricheadh e aig a’ bhogsa gus an deigheadh am bàlla dubh mu dheireadh à sealladh. ’S bhiodh athair ’s a mhàthair a’ trod ris, gu sònraichte a mhàthair, oir bu toigh le athair gèam math snucair fhaicinn cuideachd.

“A bheil guth idir agad air d’ obair-sgoile?” bhiodh a mhàthair ag ràdh.

Uaireannan, cha robh Iain a’ cluinntinn gun robh i a’ bruidhinn ris.

“Dè mu na deuchainnean?” bhiodh i ag ràdh. Seo bliadhna nan deuchainnean. Dè am math dhut a bhith a’ coimhead nam bàllaichean sin ma dh’fheumas tu an sgoil fhàgail gun teisteanas agad?”

Agus nuair a chluinneadh Iain i, bhiodh e ag ràdh, “Istibh! Tha sibh a’ cur nan cluicheadairean ceàrr. Is cinnteach gun robh am bàlla gorm ud air a dhol a-steach mura bitheadh ur cuid èigheachd.”

Agus uaireannan eile bhiodh e ag ràdh, “Chan e mise as coireach gu bheil iad a’ cur snucair air an telebhisean. Dè mu na siabainn a bhios sibhse a’ coimhead? Chan urrainn dhòmhsa mo shùilean ’s mo chluasan a dhùnadh nuair tha iad sin a’ dèanamh fuaim air feadh an t-seòmair.”

Bu tric a chuir sin an teaghlach gu trod. Chuimhnichheadh a phàrantan do Iain gun robh seòmar aige dha fhèin, le gach goireas airson obair agus airson ionnsachadh. Ach, ann am beachd Iain, bha aon ghoireas nach robh san t-seòmar, agus b’ e sin telebhisean air am faiceadh e snucair agus air an cunntadh e na bàllaichean. Abair seòmar! Seòmar gun telebhisean! Seòmar gun snucair! Bhiodh e a’ smaoinichadh air fhèin air an telebhisean. Bàlla bho bhàlla a’ dol sìos. Sia cuairtean deug gu aon. Bha aon chuairt eile a dhìth air Iain. Bha sia-deug a dhìth air Frang Friseal. Seo a’ chuairt mu dheireadh, ’s dòcha. Bha e a’ smaoinichadh air duais ceud mìle nota agus air a’ chupan òr. An t-urram! Dè bhiodh a phàrantan ag ràdh an uair sin?

Bha e a’ cluinntinn an fhir-cunntais.

“A bheil Frang Friseal gus a chrùn a chall? Saoil an e Iain MacIain rìgh ùr nan cluicheadair? Ma bhuannaicheas e aon chuairt eile, cha bhi duine san t-saoghal cho math ris.”

Shealladh esan dhaibh. An dearg mu dheireadh. Siud e. Sìos don phòcaid. ’S a-nise an dubh. Cha bhiodh seo furasta. Ach siud e. Dh’fhalbh e mar a dh’fhalbh càch. Agus fhuair Iain a chrùn. Bha ceudan san talla ag èigheach ’s a’ bualadh am boisean. ’S bha athair ’s a mhàthair fhathast a’ coimhead *Coronation Street*. Smaoinich!

A’ coimhead air na siabainn, agus snucair... cuach an t-saoghail... air BBC2!



## Eacarsaich A

Freagair na ceistean a leanas.

1. Carson nach do chluich lain snucair a-riamh?
2. Seall gun robh e eòlach air riaghailtean a' ghèam.
3. Carson a bhiodh a mhàthair a' trod ri lain?
4. Dè bhiodh lain ag ràdh ri mhàthair?
5. Dè bhiodh pàrantan lain a' coimhead air an telebhisean?
6. Carson nach robh lain toilichte le a sheòmar fhèin?
7. Cò mu dheidhinn a bhiodh e a' smaoineachadh?
8. Dè bha e a' smaoineachadh a bha am fear-aithris ag ràdh?
9. Ciamar a chrìochnaich an “aisling” aige?
10. Carson a bha a phàrantan nam briseadh-dùil dha?

## Eacarsaich B

Coimhead air na faclan ann an Colbh A.

Lorg a' chiall as fhaisge air gach facal ann an Colbh B.

Ceangail gach facal ri ciall.

Feuch ri seantans ùr a dhèanamh le gach facal.

Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut:

**Fhuair Màiri teisteanas ann an teagasg an-uiridh.**

	Colbh A	Colbh B
1.	teisteanas	an fheadhainn eile
2.	goireas	rud a thèid air ceann rìgh
3.	urram	pìos pàipeir a dh'innseas gu bheil thu air soirbheachadh ann an rudeigin
4.	a' bualadh am boisean	spèis, pròis
5.	crùn	a' cur an làmhan ri chèile airson sealltainn gun do chòrd rudeigin riutha
6.	càch	rud feumail

## Eacarsaich C

### Bàrdachd còig loidhne

Bha Iain gu math measail air snucair. Tagh cur-seachad air a bheil thu fhèin gu math measail. Feuch ri pìos bàrdachd a sgrìobhadh le còig loidhnichean mun rud, ag obair anns an aon dòigh ris an eisimpleir gu h-ìseal. Bheir an tidsear taic dhut ma tha duilgheadasan agad.

Ainmear:	<b><i>Snucair</i></b>
Buadhar + buadhair:	<b><i>Geal agus dubh</i></b>
Gnìomhair + co-ghnìomhair:	<b><i>A' coimhead gu cùramach</i></b>
Mar:	<b><i>Mar iolaire ag amas air biadh</i></b>
Nam biodh:	<b><i>Nam biodh mo chuimse cho ceart.</i></b>

Bhiodh e math nan leughadh gach duine na pìosan bàrdachd còig loidhne air beulaibh a' chlas. Saoil cò an fheadhainn as fheàrr? Carson?



## Aonad 6

Obraich còmhla ri caraaid. Leugh an sgeulachd (no èist rithe – Earrann 4) agus freagair na ceistean a leanas:


### TIODHLAC BEATHA TEAGHLAICH

#### Seachdain ron Chàisg

Rugadh mi ann an garaids. Cha do rinn mo mhàthair ullachadh sam bith ro làimh. Cha do rinn i cinnteach mu a slàinte agus cha do dh'iarr i cuideachadh bho neach sam bith. Bha mo mhàthair gun dachaigh.

Sa gheamhradh dh'fhàs mo mhàthair càirdeil ri teaghlach. Gach uair a bha i a' tadhal, thug iad a-steach don bhlàths i agus thug iad biadh dhi. Bha leabaidh ann dhi agus dh'iarr iad oirre fuireach. Cha robh fios aig an teaghlach air càil mu a h-eachdraidh. Bha i glan, brèagha agus modhail.

B' ann le a caraidean a bha a' gharaidh a thagh i mar dhachaigh dhuinn. Bha mi seachdain a dh'aois nuair a lorg iad mi fhìn 's mo mhàthair air bàrr cnap de sheann stuth gun fheum. Thug iad a-steach dhan taigh sinn. Thug iad dhuinn àite blàth le leabaidh chofhurtail. Rinn iad cinnteach gun robh sinn slàn, agus thug iad ainm orm. Is e Columbus an t-ainm a thug iad dhomh.



Bha mi glè shona. Thòisich mi a' tighinn air adhart gu math. Bha mo mhàthair a' gabhail cùram dhìom agus bhiodh i a' cluich còmhla rium. Thug an teaghlach dhuinn gach rud a bha feumail. As t-samhradh, thug iad a-mach mi a chluich sa ghàrradh. Bu toigh leam a bhith a' falach am measg nan duilleagan mòra. Dh'fhàs mi glè mheasail air an teaghlach. Bha mi glè thoilichte nuair bha iad uile aig an taigh.



Agus bha mo bheatha a' dol mar sin. An ceann ùine, thòisich mo mhàthair a' falbh na h-aonar, uaireannan fad uairean a thìde. Agus bha an ùine a bha i air falbh a' fàs na b' fhaide agus na b' fhaide. Uaireannan, bhiodh i air falbh fad na h-oidhche.



A-rithist bhiodh i air falbh fad dhà no thrì làithean. Nuair a thilleadh i, cha chanadh i càil agus leanadh i oirre mar nach robh i air falbh idir. Fad na h-ùine seo bha an teaghlach a' dèanamh cinnteach gun robh a h-uile càil agam agus gun robh mi cofhurtail. Bha ceangal gaolach eadarainn uile.

Gun fhacal taing, gun bheannachd a leigeil leis an teaghlach no pòg mhàthaireil dhòmhsa, dh'fhalbh mo mhàthair gu h-obann agus cha do thill i tuilleadh. Mun àm seo bha mi air fàs rudeigin mòr. Bha mi ag ionndrainn blàths mo mhàthar, a cuideachd agus a crònan a chuireadh a chadal mi. Ach bha an teaghlach agam airson cofhurtachd. Is e cearc air a ròstadh am biadh as fheàrr leam agus bha i tric air a còcaireachd dhomh. Bha saorsa an taighe agam. Cheannaich iad mòran dhèideagan dhomh. Bu toigh leam gu mòr a bhith nam shuidhe a' coimhead an telebhisein còmhla riutha.

Uaireannan thàinig càirdean an teaghlaich a-steach, agus thuir iad gum faca iad mo mhàthair air Sràid na h-Eaglaise. Bha an aon rud a' tachairt gach turas; dh'aithnich i iad ach dh'fheuch i ri dhol air falach. Cha do sheall i cus spèis dhan teaghlach a bha cho math dhuinn. Ach cha robh dragh agam tuilleadh. Tha mi sona. Lorg mo mhàthair teaghlach math dhomh. Dè an còrr a dh'iarradh cat beag dubh?



## Eacarsaich A

Obraich còmhla ri caraid. Freagair na ceistean a leanas:

1. Càit an do rugadh an sgrìobhadair?
2. Dè tha am facal “ullachadh” a' ciallachadh?
  - (a) deasachadh
  - (b) airgead
  - (c) caraidean

3. Tagh an abairt bhon earrainn a sheallas dhut nach robh màthair an sgrìobhadair stèidhichte ann an aon àite a mhàin.
4. Dè rinn teaghlach an taighe nuair a lorg iad an teaghlach eile?
  - (a) Chuir iad ruaig air a' mhàthair agus a teaghlach.
  - (b) Thug iad a-steach dhan taigh iad.
  - (c) Dh'fhàg iad an teaghlach far an robh iad.
5. Dè an gèam a b' fheàrr leis an sgrìobhadair?
6. Nuair a dh'fhàg a mhàthair an turas mu dheireadh, dè gu sònraichte a bha a' cur dragh air an sgrìobhadair?
7. Ainmich na trì rudan a bha e ag ionndrainn mu mhàthair.
8. Dè am biadh a b' fheàrr leis an sgrìobhadair?
  - (a) feòil fhuar
  - (b) iasg de gach seòrsa
  - (c) cearc ròsta
9. Dè dhèanadh an sgrìobhadair còmhla ris an teaghlach?
10. Dè rinn màthair an sgrìobhadair nuair a chunnaic i daoine a b' aithne dhi air an t-sràid?
11.
  - a. Carson a tha a' cheist aig an deireadh a' cur iongnadh air an leughadair?
  - b. An do chòrd an sgeulachd riut? Inns carson.

## Eacarsaich B

### Sgrìobhadh

Tha tòrr sheanfhaclan ann a tha ag ainmeachadh bheathaichean. Tagh fear de na seanfhaclan gu h-ìseal agus sgrìobh sgeulachd stèidhichte air. Feumaidh an seanfhacal a bhith a' nochdadh an àiteigin san sgeulachd. Dèan cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn gach seanfhacail mus tòisich thu air sgrìobhadh. A bheil thu eòlach air gin a bharrachd co-cheangailte ri beathaichean?

1. Taigh gun chù, gun chat, gun leanabh beag, taigh gun ghean 's gun ghàire.
2. Tha fios aig an luch nach eil an cat a-staigh.
3. Miann a' chait san tràigh, 's cha toir e fhèin aist' e.
4. Cha loisg seann chat e fhèin.
5. Is ann air a shon fhèin a nì an cat an cròn.

## Eacarsaich C

Obraich còmhla ri caraid. Dèan beagan rannsachaidh air an eadar-lìon mu sheanfhaclan Gàidhlig:


[www.ambaile.org.uk](http://www.ambaile.org.uk)

[www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

Tha leabhraichean inntinneach ann cuideachd:

***Gaelic proverbs – Alexander Nicolson (Birlinn)***

Bhiodh e math liosta a dhèanamh den fheadhainn as fheàrr agus dealbhan freagarrach a chur ris an liosta gus an tuig daoine eile dè tha na seanfhaclan a' ciallachadh. Dèan an lethbhreac mu dheireadh air a' choimpiutair. Dèan postair airson a' bhalla.



## Aonad 7

Am bi sibh a' smaoinichadh uair sam bith cò ris a bhiodh e coltach a bhith san sgoil anns na fìor sheann làithean? Nach tèid sinn cuairt air ais fad mhòran de bhliadhnaichean? Seadh, gu Linn nan Ròmanach! Leugh an litir a sgrìobh sgoilear Ròmanach chun na sgoile aige a' gearan mu na bha aige ri dhèanamh. An dèanadh tusa a leithid an-diugh?

### Seann Sgoil

An Ròimh

A Mhaighstirean chòir

A-riamh bhon a bha mi seachd bliadhna a dh'aois, bha tràill a' tighinn gam iarraidh glè thràth sa mhadainn, còig làithean san t-seachdain, airson mo thoirt don sgoil.

An uair sin, bidh mi nam shuidhe fad na maidne ag èisteachd ri mo thidsear a' torman, agus e a' feuchainn ri cunntadh, sgrìobhadh agus leughadh ionnsachadh dhomh, chan ann a-mhàin nar cànan fhìn, ach ann an Greugais cuideachd.

Ach an dèidh dhomh aois aon bliadhna deug a ruighinn, 's ann a tha cùisean a' sìor-fhàs nas miosa. Am-bliadhna, dh'fhàg mo phiuthar an sgoil. Tha i a-nise dà bhliadhna dheug a dh'aois, agus tha i air pòsadh. Chaidh mise a chur gu tidsear eile.

A-nise, feumaidh mi bàrdachd agus eachdraidh ionnsachadh, cuide ri na sgrìobhaidhean aig daoine mòra mar Plato. Ach chan eil mi a' faicinn feum sam bith san t-seann stuth sin. Feumaidh mi a h-uile càil ionnsachadh air mo theanga, agus ceistean gun chrìoch a fhreagairt. Agus ma nì mi mearachd, bidh an tidsear gam chuipeadh.

Cha bhi mòran den chloinn dem aois-sa a' dol don sgoil idir. Bidh iad ag obair còmhla rim pàrantan, ag ionnsachadh cheàrdan. Carson nach eil mise?

Le meas

**Augustus**

## Eacarsaich A

Tha fhios gu bheil làithean-sgoile Augustus gu tur eadar-dhealaichte bho na làithean agadsa.

Mar chlas, smaoinich air cho eadar-dhealaichte 's a bhiodh e a bhith san sgoil ann an linn nan Ròmanach. Dè nach biodh aca? Dè an t-aodach a bhiodh orra? A bheil càil ann a chòrdadh riut mu na làithean ud? Dè tha a' còrdadh riut mu sgoil an latha an-diugh?

## Eacarsaich B

Sgrìobh òraid far a bheil thu a' bruidhinn ri na Ròmanaich (an còrr dhen chlas) mun dìofar a thàinig air an t-saoghal agus air sgoil bho linn Augustus. Ciamar a tha gnothaichean air an atharrachadh? A bheil an sgoil nas fheàrr no nas miosa na bha i sna seann làithean? Thoir seachad do bheachd. Faodaidh an òraid a bhith èibhinn.

Faodaidh an òraid tòiseachadh mar seo:

***A Chàirdean, Ròmanaich, Luchd-dùthcha, èistibh rium gu dlùth...***

Nì an còrr den chlas measadh air na th' agad ri ràdh. Bheir an tidsear dhut foirm airson a lìonadh. Feuch gum bi thu onorach – cha chòrdadh breugan ri Ròmanaich idir!

A chàirdean, Ròmanach,  
luchd-dùthcha, èistibh rium...



## Òraidean AS 1 gu AS 3 Foirm Measaidh

D' ainm \_\_\_\_\_

Ainm an sgoileir a tha a' bruidhinn \_\_\_\_\_

Deasachadh agus Susbaint	✓	Beagan	X
An deach gu leòr de rannsachadh a dhèanamh?			
An deach cairtean-taic a chleachdadh gun a bhith ro fhollaiseach?			
An robh an òraid air a deagh dheasachadh (le toiseach, meadhan agus deireadh)?			
An robh fiosrachadh/beachdan pearsanta san òraid?			
An robh a h-uile càil san òraid air a' chuspair a chaidh a thoirt seachad?			
Taisbeanadh			
An robh guth an òraidiche soilleir gu leòr?			
An robh an coltas air/oirre gun robh an taisbeanadh a' còrdadh ris an òraidiche?			
An do bhruidhinn e/i aig astar reusanta?			
An do choimhead e/i air an luchd-èisteachd fhads a bha e/i a' bruidhinn?			
An do mhair an òraid eadar dà mhionaid gu leth agus trì mionaidean?			

Dè an ìre aig an robh an òraid, nad bheachd-sa? ('S e ìre A an inbhe as àirde agus ìre F as ìsle. Airson ìre A a ruighinn, dh'fheumadh an òraid a bhith gun mhearachd!)

A B C D E F



## Aonad 8

---

Leugh a' bhàrdachd seo agus an uair sin dèan an obair a tha ga leantainn:

### **MO CHUILEAN BEAG**

*le Donnchadh MacNimbein fear de bhàird Chill Chomain (Ìle)*

Mo chuilean beag, mo chuilean beag,

Gur trom mo cheum às d' aonais;

Mo chuilean beag cha chluinn thu mi

'S cha fhreagair thu nas mò mi.

Ged bhithinn fad' air falbh bhon taigh,

Ged bheirinn bliadhn' is còrr bhuat,

'S tu fhèin a' chiad aon bhiodh a-mach

'S tu ruith gu grad nam chòmhdhail.

Gur tric a leum thu air mo ghlùin  
 A dhol a dh'imlich m' aodainn,  
 A dh'innse dhomh na b' urrainn dhut  
 A' mheud 's a thug thu gaol dhomh.



Ò, nam biodh agam eadhon aon,  
 A bheireadh gaol cho buan dhomh,  
 'S a thug an cuilean beag de ghaol,  
 B' e 'n saoghal seo bhiodh luachmhor.



Oir cha robh caraid is cha bhi,  
 A bha cho dìleas riamh dhomh,  
 Oir cò e 'n caraid leanadh mi,  
 Tro iomadh srì is deuchainn?

Oir leanadh tusa mi gu bàs,  
 Is cha bhiodh sgàth no fiamh ort,  
 Is dh'imlicheadh tu rithist an làmh  
 Aig nach biodh tràth de bhiadh dhut.

Ach bhon a dhealaich sinn gu bràth,  
 'S a thug am bàs 'nis bhuam thu,  
 Chuir mi clach ort fad' nas fheàrr  
 Seadh, briathran bàird mo  
 dhvanaig.



## Eacarsaich A

Sgrìobh **nad fhaclan fhèin** na tha am bàrd ag ràdh mun chuilean agus mar tha e a' faireachdainn. Tog fiosrachadh às gach rann. Coimhead air obair do charaid. An robh e/i a' togail air na h-aon phuingean?

## Eacarsaich B

Thàinig na h-abairtean/faclan ann an Colbh A às a' bhàrdachd. Lorg a' chiall as fhaisge orra ann an Colbh B.

	<b>COLBH A</b>	<b>COLBH B</b>
1.	as d' aonais	prìseil
2.	gu grad	eagal
3.	imlich	faclan
4.	luachmhor	gun tusa a bhith ann
5.	dìleas	Chaidh an sgaradh bho chèile
6.	fiamh	gu cabhagach
7.	dhealaich	earbsach
8.	briathran	sliob le teanga

## Eacarsaich C

Obraich còmhla ri caraid. Sgrìobh còmhradh eadar pàiste agus pàrant far a bheil am pàiste ag iarraidh peata agus tha am pàrant gu tur na aghaidh.

Carson a tha peata cho cudromach don phàiste? Dè seòrsa peata a tha e/i ag iarraidh?

Carson a bhiodh pàrant an aghaidh peata? Dè na h-adhbharan a bhiodh aige/aice?

Am faigh am pàiste làmh-an-uachdair aig a' cheann thall?

Nuair a bhios an còmhradh sgrìobhte, clàraich an còmhradh gus an cluinn an clas e. Dè barail a' chlas air a' chòmhradh?



## Aonad 9

Leugh an earrann no èist ris an earrainn (Earrann 5). Dèan na h-eacarsaichean gu h-ìseal.

### Asail Shantorini

Is e Homer an t-ainm a tha orm. Tha mi ochd bliadhna a dh'aois agus 's e asal-obrach a tha annam air eilean Greugach Shantorini.

Is e eilean beag dubh bolcànach a th' ann an Santorini, suidhichte anns a' Chuan Aegean. Tha naochad 's a sia cilemeatair ceàrnach de mheud ann an Santorini. Tha a' mhòr-chuid den eilean gu math os cionn ìre na mara. Tha mu sheachd mìle neach a' fuireach ann. Tha aimsir thaitneach bhlàth ann an Santorini. Aig àm nan saor-làithean tha mìltean mòra de luchd-turais air an tàladh chun an eilein, gu a thràighean dubha de ghainmheach agus uisgeachan domhainn gorma.

Mar as trice, bidh luchd-turais ga ruighinn air a' mhuir, air aiseagan ionadail no air bàtaichean cùrsa-mara mòra. Cha bhi luchd-turais nam bàtaichean mòra a' tadhal ach airson latha, nan cabhaig airson Fira a ruighinn agus sa chabhaig cheudna airson tilleadh chun a' chalaigh agus an uair sin air eathraichean gu am bàtaichean.

Tha baile beag Fira suidhichte gu cugallach dà cheud is fichead meatair air sgeirean dìreach os cionn a' chalaigh. Tha càr-càbaill ann a ghabhas ceathrar dhaoine anns gach seòmar, agus ruigidh e Fira ann an trì mionaidean. Cuideachd tha sia ceud leac ann, a tha nan staidhre de chlachan a' sìneadh bhon chaladh gu Fira. Is e coiseachd

fhada, sgìth a tha seo. Sin far a bheil mise agus mòran asal air ar cleachdadh airson daoine agus an trealaichean a ghiùlan suas gu Fira agus sìos chun a' chalaiddh.

Tha mise ag obair ann an còmhlán de cheithir asail, còmhlán rim phiuthar Rosa, agus ar dà cho-ogha Tino agus Ovid. Is e Sandro ar maighstir. Fad an latha, bidh e a' siubhal còmhlán rinn sìos is suas air staidhre nan clachan. Bidh Sandro a' fàs glè sgìth agus bu toigh leis anail a ghabhail, ach mar a bhios e ag ràdh, “Cosgaidh anail airgead.” Feumaidh e cumail a' dol airson cosnadh da bhean, da chloinn agus da sheann phàrantan. Tha Sandro cho math dhuinn 's as urrainn dha. Fad an latha tha e a' coiseachd airson dòrlach de iùrothan.

Is e an obair as lugha oirnn a bhith a' giùlan luchd-siubhail bho na bàtaichean cùrsa-mara anns a bheil cus cuideam agus a tha gu math mì-thaingeil. Tha iad a' sùileachadh gum bi sinn a' dol aig trotan luath agus an cuideam na eallach air ar dromannan beaga. Is tric a bheir iad droch bheul dhuinn agus do Sandro. Bidh sinn a' feuchainn gun sùim a ghabhail dhiubh, agus sinn toilichte a bhith a' cluinntinn gliogadaich nan iùrothan ann am pocaid Sandrois. Dh'fhaodadh tu a ràdh gu bheil foighidhinn Ioib againn.

An t-seachdain sa chaidh, bha sinn fortanach càirdeas a stèidheachadh ri triùir chloinne à Alba. Tha a' chlann gu bhith an seo fad mìos, nuair tha am pàrantan a' gabhail pàirt ann an ruamhar arc-eòlais. Gach feasgar bidh a' chlann gar bruiseadh agus gar glanadh. An uair sin, bheir Sandro cead dhaibh biadh a thoirt dhuinn. Nuair a bhios sinn ag ithe, bidh iad ag innse sgeulachdan dhuinn. Is e Eàrdsaidh, Ceana agus Ciorstaidh ainmean na cloinne. Tha iad a' fuireach air eilean beag air a bheil Ìle. Ann an Ìle, tha gainmheach bhrèagha òrach, achaidhean soilleir gorma agus muir a bhios a' deàradh mar adhar làn rionnagan.

Dh'inns a' chlann Albannach dhuinn gu bheil muinntir Ìle measail air beathaichean, agus nach iarradh iad air asail a bhith ag obair mar a dh'fheumas iad a bhith ag obair ann an Santorini. Tha iad ag ràdh gum bu chòir dhuinn seasamh an aghaidh na h-obrach agus diùltadh eallaichean eagalach a ghiùlan. “Na leigibh le neach sam bith làmh-an-uachdair fhaighinn oirbh,” thuirt iad nuair a ghuidh iad “Oidhche Mhath” dhuinn.

An ath mhadainn, shaothraich sinn gun sgrùp sìos agus suas air na lic mar as àbhaist. Mu mheadhan na maidne, chuala Sandro guth sgairteil ag èigheach ris, “A-nise 'ille, tha mise agus mo bhean ag iarraidh a dhol suas gu Fira gun dàil.” Rug duine mòr reamhar, le rolaichean de shàil a' dòrtadh thairis air crios ioma-dhathte, a bha a' cumail suas briogais ghoirid gheal agus air an robh lèine-T gheal, air srianan Rosa. Thuirt e, “Trohad, a ghràidh, agus suidhich thu fhèin air an asal seo.” Thàinig boireannach mòr, air an robh briogais ghoirid dhearg agus blobhsa, far an robh e. Chuir i ad mhòr de shràbh le bann de neòineanan air a ceann. An uair sin, shuidh i air druim Rosa bhochd. Bha mi mothachail air cho mì-chofhurtail 's a bha Rosa. Shuidh an duine trom air Ovid. A-nise bha dithis luchd-turais nan suidhe air mo dhruim-sa agus air druim Tino. Choisich sinn air falbh, nar fallas ann an grian theth an Lùnastail.

Fad na slighe suas gu Fira bha an dithis mhòra a' gearain gun robh sinn a' gluasad ro shlaodach, gun robh fàileadh dhinn, gun robh sinn rag, gun robh sinn leisg, gun robh sinn a' cosg cus, gun robh sinn ro aosta. Lean iad orra a' gearain.

Fhuair Rosa faochadh bho a h-uallach, agus thug Ovid crathadh air fhèin, oir cha mhòr gun creideadh e nach robh aig a chasan a-nise ach ri a chuideam fhèin a ghiùlan. Agus bha Sandros trang a' toirt uisge thugainn airson òl. Chuala sinn guth àrd ag èigheach rinne agus ri Sandros, "Sin e. Bha sinn ann am Fira. A-nis, thoir air ais chun a' chalaigh sinn."

An turas seo, chuir Sandros am boireannach mòr leis an aid fhlùranaich air druim Tino, agus dh'iarr e air an duine throm mise a mharcachd. An uair sin, bha sinn a' tilleadh chun a' chalaigh, a' coiseachd am measg chòisirean de ghearainean.

Nuair nach robh sinn ach caogad leac bhon chalaigh, dh'èigh am boireannach mòr, "M' eudail, tha na h-asail ghòrach seo ro shlaodach. Bidh sinn fadalach airson ar biadh, cha bhi calamari air fhàgail agus cha bhi cèicichean-uachdair air fhàgail a bharrachd."

"Chuir sibh mo bhean troimh-a-chèile," dh'èigh an duine agus e a' sgreuchail, agus thòisich e a' toirt bhreaban dom chasan le a chuarain.

Bho gu h-àrd, chuala mi èigheach. "Homer, Tino, chan fhaod iad làmh-an-uachdair fhaighinn."

Bha sin gu leòr. Thòisich mi a' luath-mharcachadh sìos nan leac, nam chabhaig a' dol seachad air asail eile a bha a' dìreadh 's a' cromadh. Mu dheireadh, fhuair mi air an duine a chur à shuidheachan, agus bha e a-nise a' rolaigeadh ann an car-a-mhuilteanan sìos nan leac salach. Bha a bhean, a bha a-nise sàmhach agus gun ad, a' dol sìos na dhèidh, oir chuir Tino ise gu iteal.

Chaidh sàmhchair an latha a bhriseadh le èigheachd; "Bravo!" "Hurra!" "Evviva!" "Hurrah!" "Ypa!" "Hoera!" "Brawo!" "Iviva!"

Bha fuaim an fhàilteachaidh a' tighinn mar mhac-talla bho na bàtaichean, bhon chalaigh, à Fira agus bho na lic. Nuair a thog mi mo shùilean, chunnaic mi bratach mhòr a' crathadh air bàrr na sgeire, agus grèim aig Ceana air aon cheann agus grèim aig Ciorstaidh air a' cheann eile. Bha Èàrdsaidh a' ceangal meadhan na brataich ri creig.

Air a' bhrataich bha na facail:

"SAORSA DO NA H-ASAIL!"

## Eacarsaich A

Sgrìobh na seantansan gu h-ìseal a tha ceart.

1. Bha Homer, an t-asal, ag obair air eilean Greugach.
2. Bha mu ochd mìle neach a' fuireach air an eilean.
3. Bha na h-asail a' giùlan dhaoine bhon tràigh suas chun a' bhaile os a cionn, agus air ais don tràigh a-rithist.
4. B' e Santorini ainm am maighstir.
5. Bha trìuir chloinne air saor-làithean à Alba a bha gu math mì-mhodhail.
6. Aon latha, bha na h-asail air an sàrachadh le luchd-turais mhòra reamhar.
7. Bha sàmhchair ann nuair a rinn na h-asail an gnothach air an luchd-turais reamhar.
8. Bha daoine air an dòigh gun d' fhuair na h-asail làmh-an-uachdair air an luchd-turais mu dheireadh thall.
9. Rinn a' chlann Albannach bratach mhòr a' cur meala-naidheachd air na h-asail.
10. Chaidh an sgeulachd innse le fear de mhuinntir an àite.

## Eacarsaich B

Coimhead air na faclan gu h-ìseal. Dèan cinnteach gu bheil fios agad dè tha iad uile a' ciallachadh. Lìon na beàrnann anns na seantansan a leanas le facal iomchaidh às an liosta. Sgrìobh na seantansan slàn an uair sin.

bolcànach, suidhichte, uisgeachan, ionadail, cùrsa-mara, cosnadh, eallach, fàileadh, mac-talla, car-a-mhuiltean

1. Bhuannaich iad fortan air a' Chrannchur Nàiseanta. Tha iad am beachd a dhol air \_\_\_\_\_ sa Mhuir Mheadhanaich.
2. Bha \_\_\_\_\_ trom air druim an asail.
3. Tha an taigh ùr \_\_\_\_\_ air cnoc os cionn na mara.
4. Bha \_\_\_\_\_ brèagha a' tighinn bhon chidsin nuair a ràinig sinn an taigh-bìdh.
5. Tha Catrìona gu math sùbailte. Rinn i \_\_\_\_\_ air a' ghainmhich.

6. Tha \_\_\_\_\_ cunnartach timcheall air na h-eileanan.
7. Anns an uaimh, chuala sinn \_\_\_\_\_ gar freagairt nuair a dh'èigh sinn gu h-àrd.
8. Tha am Mòd \_\_\_\_\_ ann an ath-sheachdain. Bidh am Mòd Nàiseanta ann san Dàmhair.
9. Nuair a thàinig e don dùthaich, fhuair e \_\_\_\_\_ ann am factaraidh ann an Glaschu.
10. 'S e eilean \_\_\_\_\_ a th' ann an Santorini sa Ghrèig.



## Aonad 10

---

Leugh a' bhàrdachd *Cùm ur n-Aire* le Ruairidh agus Calum MacDhòmhnail à Runrig.

### **Cùm ur n-Aire**

Tha na geòidh ag èirigh bhon a' mhachair  
Na h-uain a' ruith 's a' leum aig cùl an achaidh  
Ach tha thus' a-nis air chall sa bhaile  
Ach na fairich gu bràth nad ònar ann.

Cùm, cùm, cùm ur n-aire  
Air an iar is air an àit' a dh'fhàg sibh  
'S cuimhnich, cuimhnich gun robh agaibh  
Dualchas àraid agus luachmhor ann.

Tha na solais oidhche 'nis mud choinneimh  
 Tha d' ghealach 'nis gach dath is gach seòrsa  
 Ach na coimhead ach le aon sùil orra  
 Gum fàg iad mealltach, dall thu.

## Eacarsaich A

Freagair na ceistean a leanas:

1. Anns a' chiad dà loidhne tha am bàrd a' smaoinichadh air a dhachaigh fhèin agus dè bhios a' tachairt an sin. Thoir seachad eisimpleir bhon chiad rann a sheallas gun deach a thogail air an dùthaich.
2. Dè tha ag innse dhuinn san dàrna rann nach deach an duine a thogail sa bhaile ged a tha e a' fuireach ann?
3. Saoil carson a tha ath-aithris aig “Cùm, cùm, cùm ur n-aire ...” agus “Cuimhnich, cuimhnich ...”?
4. Saoil carson a tha a' ghealach a' coimhead eadar-dhealaichte sa bhaile?
5. Dè an t-eagal a th' air a' bhàrd ma choimheadas an duine air a' ghealaich agus air na solais le dhà shùil?
6. Saoil cò dha a sgrìobh am bàrd an t-òran?

## Eacarsaich B

A bheil thu a' fuireach air an dùthaich no anns a' bhaile mhòr? Dè b' fheàrr leat? Oobraich còmhla ri caraid. Air pàipear, dèan dà cholbh. Smaoinich air diofar adhbharan airson fuireach air an dùthaich no anns a' bhaile mhòr. Nuair a tha thu deiseil, faodaidh tu do bheachdan a thoirt seachad don chlas. Dè b' fheàrr leis a' chlas air fad?

## Eacarsaich C

### SGRÌOBHADH

Sgrìobh aiste ghoirid no sgeulachd bheag mu aon de na leanas. Feumaidh tu d' aiste no do sgeulachd a thòiseachadh le na briathran a chì thu gu h-ìseal. Feuch ri d' aiste no do sgeulachd a dhèanamh inntinneach! Faodaidh tu an dreach mu dheireadh den aiste a dhèanamh air coimpiutair.

1. Bha lain seachd sgìth ag èirigh às a leabaidh bhlàth gach madainn airson a dhol don sgoil. Aon latha thàinig smuain mhìorbhaileach thuige...
2. Thàinig am fear airson dealbh a thogail den chlas. B' ann an uair sin a thug sinn an aire nach robh sgeul air Dòmhnall...

3. Bha eagal a bheatha air Murchadh gum fàiligidh e na deuchainnean san sgoil...
4. Thuig Seonaidh agus Màrtainn gun robh aca ri dòigh a lorg airson airgead a chosnadh. Bha Miss MacKinnon a' fàgail na sgoile agus dh'fheumadh iad preusant a cheannach...
5. Nuair a chaidh a dithis charaidean san sgoil a-mach air a chèile, bha Màiri sa mheadhan...
6. 'S e poileas annasach a bh' ann an Tormod Friseal...
7. An robh gille ann a-riamh nach robh airson ball-coise a chluich do dh'Alba?
8. Tha Tracy a' fuireach sa bhaile mhòr. Tha Iain a' fuireach air croit sna h-Eileanan. Abair càraid annasach!
9. Bodach-ròcais a' dannsadh! Chan fhaca mi riamh a leithid. An robh mo shùilean gam mhealladh?



## Eacarsaich D

### Tòimhseachan-tarsainn 1

Fuasgail an tòimhseachan a leanas:

1		2		3		4				5
							6			
	7			8				9		
10						11				
12		13			14					
		15								

#### Tarsainn

1. Bidh daoine gan innse (11)
6. Tha seo air eun (3)
7. Tha rannan san sgrìobhadh seo (8)
10. Flùr brèagha (3)
11. Àireamh de gach beathach air Àirc Noah (3)
12. Faodar balla a thogail leotha (7)
15. Làmh dhùinte (4)

#### Sìos

1. Bidh seo air bàta (4)
2. Bidh daoine ag adhradh an seo (7)
3. Fàsaidh e san talamh (3)
4. Barrachd air dà chnoc (5)
5. Sgeulachd fhada ann an cruth leabhair (7)
8. Mar a bhios an oidhche (5)
9. Dealbh-chluich (5)
11. Òran (3)
13. Gun a bhith ìseal (3)
14. A' chiad àireamh (3)

## Eacarsaich E

### Tòimhseachan-tarsainn 2

Fuasgail an tòimhseachan seo. Gheibh thu mòran de na facail anns na h-earrannan – ach tha feadhainn a bharrachd ann cuideachd.

		1						2		3
						4				
				5						
6										
				7						
	8									
9										
10								11		
				12						
13										

#### Tarsainn

1. Gun a bhith teth (4)
5. Suaicheantas na h-Alba (7)
6. Gheibh sinn bho chearc e (3)
8. Rud a cheannaich Màiri Anna (6)
10. Nuair a dh'fhàgas tu a' bhun-sgoil, thèid thu dhan \_\_\_ -sgoil. (3)
11. Aon bho cheithir (3)
12. Gheibh sinn sa mhuir e (4)
13. Rud a sgrìobh Augustus (5)

#### Sìos

1. Ainm eile air 5 tarsainn (7)
2. Far an d' rugadh an cat dubh (7)
3. Eilean far a bheil Fira (9)
4. Beathach a chaill am bàrd (7)
7. Bu toigh le lain an gèam seo (7)
9. Bha iad trang ag obair ann an 3 sìos (5)